

**Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

**19/5/20, Zoom**

*1000-1115 - (puingean 1-11)*

*1130-1200 – seisean prìobhaiteach eadar buill na comataidh agus an luchd-sgrùdaidh*

*1215-1330 – (puingean 12-14)*

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:           Donaidh MacAmhlaidh (sa Chathair)   Iain Mac a’ Mhaoilein  
                  Marion Nic na Ceàrdaich                   Dùghall MacAmhlaigh  
                  Ceit-Anna NicLeòid

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
                  Niall M Greumach [NMG] (Stiùiriche Ionmhais)  
                  Ealasaid Dhòmhnallach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)  
                  [airson puingean 12-16]  
                  Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)  
                  Nicola Pearson [NP] (Cunntasair)  
                  Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a’ sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair:    Eunice McAdam agus Karen Shaw, Saffrey Champness (airson puingean 12-16)

Chaidh fàilte a chuir air Ceit-Anna NicLeòid chun chiad choinneamh aice.

**1. Leisgeulan**

1.1 Cha robh gin.

**2. Gnothaichean Dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (4/2/20)**

3.1 Molaichte le Dùghall MacAmhlaigh agus daingnichte le Marion Nic na Ceàrdaich.

#### **4. Gnothaichean ag èirigh**

4.1 Comharraichte.

#### **5. Clàr Riosgan/Leantainneach Ghnothaich**

5.1 Bhruidhinn DMD mun phàipear, a' mìneachadh adhartas le cuid de na riosgan le sùil mionaideach ga thoirt air na ceithir riosgan aig toiseachd a' chlàir a bha co-cheangailte gu ìre mhòr le Covid-19.

5.2 Thairis air an dà mhìos a chaidh seachad 's e suidheachadh Covid-19 am prìomh riosg a tha air nochdadh agus chaidh fios mun t-suidheachadh le Covid-19 fhoillseachadh aig coinneamh a' Bhùird air 20/04/2020, a' mìneachadh na diofar cheumannan a bhathas a' cur an gnìomh gus freagairt air na dhùbhlain a tha air nochdadh. Chaidh innse gu ruige seo gu bheil cùisean air a dhol gu math agus gun deach buaidh sam bith a chumail aig ìre ìseal.

5.3 Le daoine ag obair bhon taigh, chaidh a chomharrachadh gu robhas a' làimhseachadh chunnartan a thaobh cyber security gu h-ìomchaidh.

5.4 **Co-dhùnadh:** 1) a thaobh suidheachadh Covid-19 san fharsaingeachd thèid fainear a thoirt don ath chomhairle a thig bho Riaghaltas na h-Alba ach bha aonta ann nach biodh cabhag mhòr ann luchd-obrach a ghluasad air ais dhan oifis; 2) gu bheil am buidheann leantainneach gnothaich a' dealbhachadh phlanaichean son slighe a-mach às dèidh a' Choròna-bhioras; 3) leantainn le na coinneamhan le riochdairean gus tuigse fhaighinn air dè tha an stiùir ùr airson riochdachadh a' ciallachadh ann an da-rìreabh, gu h-àraidh le coimiseanean a bha an dùil tòiseachadh as t-Samhradh; 4) gu robhas gu ruige seo a' cumail ri sruth-airgid àbhaisteach nam prògraman ach gun atharraich seo nam biodh feum agus 5) aithne gum bi clàr an fhoghair rudeigin eadar-dhealaichte.

5.5 **Gnìomhan:** 1) thèid facail a chuir ri #12 no #15 mu gearraidhean a' BhBC agus dè a dh'fhaodadh sin ciallachadh don bhuidheann agus 2) gun tèid na riosgan air an comharrachadh aig an ìre as àirde a chuir air beulaibh a' bhùird san Ògmhios. (DMD)

#### **6. KPIs/Dashboard**

6.1 Bhruidhinn DC mun Dashboard, a' mìneachadh adhartas le amasan stèidhichte air Lèirsinn 2021 agus bhruidhinn DMD mu KPIs na buidhne agus bha buill riarichte.

6.2 Chaidh innse do bhuill bho seo a-mach gur iad na 10 prìomh KPIs a bhiodh fa chomhair nam ball, gum biodh a' chòrr air an làimhseachadh le oifigearan agus rim faicinn an lùib aithisgean ràitheil nan oifigearan.

6.3 **Co-dhùnadh:** thug buill fainear don phàipear.

## **7. HR**

- 7.1 Bhruidhinn DC mun phàipear, a' mìneachadh lèirmheas air gnothaichean HR aig deireadh na bliadhna le sùil gu h-àraidh air Beàrn Pàighidh Gnè.
- 7.2 Chaidh innse gu bheil am buidheann a' cur ìmpidh mhòir air a bhith cùramach nach eil neach sam bith a' fulang pàigheadh nas ìsle na bu chòir ri linn gnè agus bha aithne ann am buidheann beag mar MG ALBA gu feumar a bhith mothachail gun gluais pàigheadh meadhanach le atharrachadh no dhà ann an dreuchdan.
- 7.3 **Co-dhùnadh:** thug buill fainear don phàipear agus thèid dèanamh cinnteach gun cum am buidheann ri plana gnìomh agus adhartais gus dèanamh cinnteach gu bheil gnothaichean fastaidh gan làimhseachadh gu h-ìomchaidh.

## **8. In-sgrùdadh**

- 8.1 Slàinte & Sàbhailteachd - bhruidhinn NMG mun phàipear air beulaibh bhall, a' mìneachadh na h-obrach air an ath sgrùdadh in-thaigh a ghabhadh àite agus clàr-ama co-cheangailte.
- 8.2 **Co-dhùnadh:** ghabh buill fainear agus chaidh am buidseat airson na h-obrach aontachadh.
- 8.3 **Gnìomhan:** leanaidh an obair ris a' chlàr-ama, le dùil ri taisbeanadh agus dreach aithisg a bhith air beulaibh na Comataidh sa Ghearran 2021. **(NMG)**
- 8.4 Chaidh aithisg dheireannach air Èifeachdas a' Bhùird a chomharrachadh le fios gu bheil Wylie & Bissett air an coimiseanadh gus an tuilleadh obrach a dhèanamh air èifeachdas Chomataidhean, fèin-mheasadh buill a' bhùird agus a' leasachadh feabhas agus timleachd pàipearan bùird agus comataidhean.

## **9. Gnothaichean Riaghlaidh na Comataidh**

- 9.1 Bhruidhinn Cathraiche na Comataidh mun phàipear, le Aithisg Bhliadhnail na Comataidh agus Fèin-mheasadh na Comataidh airson 2019-20 agus clàr-obrach na Comataidh airson 2019/20 air beulaibh bhall.
- 9.2 Chaidh a chomharrachadh gu feumar coimhead ri trèanadh taobh a-staigh trèanadh a' bhùird agus obair Wylie & Bissett, le cuideam dha chuir air trèanadh chomataidh sgrùdaidh.
- 9.3 **Co-dhùnadh:** dh'aontaich buill ri susbaint a' phàipeir.
- 9.4 **Gnìomhan:** thèid am pàipear air adhart chun bhùird aig coinneamh air 9/6/20. **(MAMI)**

## **10. Pasgan Cunntasachd Q4 2019-20**

- 10.1 Bhruidhinn NP mun phàipear.
- 10.2 **Co-dhùnadh:** ghabh buill fainear.

## **11. Modh-obrach sgrìobhte**

- 11.1 Bhruidhinn DC mun phàipear a bha air beulaibh bhall, a' leantainn pròiseas sgrìobhte a chaidh a làimhseachadh tro phosta-dealain a' dèiligeadh ri atharraichidhean ann an Còd Giùlain nam Ball, Gnàth Riaghailtean agus Ullachaidhean airson Neo-làthaireachd.
- 11.2 **Co-dhùnadh:** chaidh seo a chomharrachadh.
- 11.3 **Gnìomhan:** thèid na h-atharraichean an cuir an sàs, am foillseachadh agus an sgaoileadh. **(MAMI)**

## **12. Cunntasan Reachdail 2019-20**

- 12.1 Bhruidhinn NMG mu na cunntasan a bh' air beulaibh bhall, a' mìneachadh gun deach sgrùdadh an luchd-sgrùdaidh a dhèanamh am-bliadhna aig astair airson a' chiad uair ri linn suidheachadh Covid-19 agus gun deach cùisean gu math.
- 12.2 Chaidh a chomharrachadh gun deach IFRS 16 a chuir an sàs ann an cunntasan na bliadhna seo.
- 12.3 **Co-dhùnadh:** mhol a' Chomataidh na cunntasan chun bhùird.
- 12.4 **Gnìomhan:** thèid na cunntasan an cuir air beulaibh a' bhùird air 9/6/20 airson aonta. **(NMG)**

## **13. Aithisg an luchd-sgrùdaidh chun Chomataidh**

- 13.1 Chùm an Comataidh seisean prìobhaiteach leis an luchd-sgrùdaidh agus bha buill riarichte.
- 13.2 Bhruidhinn an luchd-sgrùdaidh mun phàipear air beulaibh bhall, a' daingneachadh gu bheil an luchd-sgrùdaidh a' toirt seachad beachd nach robh cuspairean, atharraichean no foillsichidhean susbainteach a bharrachd a dhìth air na Cunntasan Reachdail.
- 13.3 **Co-dhùnadh:** gu robh a' Chomataidh air chomas barrantas aig àrd ìre a thoirt chun bhùird gu bheil an t-airgead dha chosg gu ceart.
- 13.4 **Gnìomhan:** bho seo a-mach gun tèid pàigheadh làithean saora tàrmaichte (accrued holiday pay) a ghabhail a-steach gu na cunntasan aig deireadh na bliadhna. **(NMG)**

## **14. Aithisg Bhliadhnail MG ALBA 2019-20**

- 14.1 Bhruidhinn DC mun dreach de dh'earrannan na h-Aithisg Bhliadhnail air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail mu Teachdaireachd a' Chathraiche.
- 14.2 **Co-dhùnadh:** gun deigheadh molaidhean nam ball a thoirt a-steach chun ath dhreach de Theachdaireachd a' Cathraiche.

14.3 **Gnìomhan:** 1) thèid seo a thoirt air adhart **(EM)** agus 2) thèid tionndadh eile a chuirteachadh air a' bhòrd air fad. **(MAMI)**

**15. Foillseachadh Fiosrachaidh Ionmhais**

15.1 Bhruidhinn NP mun phaipear air beulaibh bhall.

15.2 **Co-dhùnadh:** thug buill fainear don phàipear agus thèid aona atharrachadh beag a dhèanamh taobh a-staigh 'External Consultancies'.

15.3 **Gnìomhan:** thèid fhoillseachadh air làrach-lìn na buidhne. **(MAMI)**

**16. GISBE**

16.1 Chaidh taing a' Chomataidh a bhuileachadh air Saffrey Champness airson an cuid obrach.

16.2 Le seo a' choinneamh mu dheireadh aig Dùghall mus tig e far a' bhùird, chaidh taing a nochdadh dha airson a chuid obair ionmholta thairis air na bliadhnaichean. Thug e taing air ais chun bhùird agus na h-oifigearan airson an taic a fhuair e thairis air na bliadhnaichean agus airson an sàr obair a rinn iad.

**17. Deit na h-ath choinneimh – 1/9/20, Zoom?**

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: